

Bookbug Gàidhlig

**ÒRAIN IS
RANNAN
CHLOINNE**





Fàilte gu Leabhar Rannan agus Òrain Bookbug Chloinne!

Measgachadh de rannan is òrain a bhitheas sinn a' cleachdach aig na seiseanan Gàidhlig anns an leabharlann; an dòchas gun còrd e ribh.

Tha **Seiseanan Bookbug** spòrsail is an asgaidh. Ann an leabharlannan is ionadan coimhearsnachd air feadh nan Eilean Siar, cluinnidh sibh òrain, sgeulachdan is rannan. Trobhadaibh còmhla rinn!

www.cne-siar.gov.uk/library

01851 822744 / library.enquiries@cne-siar.gov.uk



Fàilte

Madainn Mhath!

Madainn mhath, madainn mhath
's math gu bheil sibh ann
Madainn mhath, madainn mhath
'S math gu bheil sibh ann
Aidh aidh aidh aidh
's math gu bheil sibh ann



Hallò a h-Uile Duine!

Hallò a h-uile duine
Hallò a h-uile duine
Ciamar a tha sibh an-diugh?
Hallò a h-uile duine
Hallò a h-uile duine
Ciamar a tha sibh an-diugh?
Aidh aidh aidh aidh aidh
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Timcheall a' Ghàrraidh

Timcheall a' ghàrraidh
Chaidh am mathan mòr
Aon cheum, dà cheum
Diogladh gu leòr



Bus Mòr Dearg

Bus mòr dearg
Bus mòr dearg
Mini Mini Mini
agus bus mòr dearg (x 2)
Ferrari Ferrari
Mini Mini Mini
agus bus mòr dearg

Crois Crois, Loidhn' Loidhn'

Crois crois, loidhn' loidhn'
Damhan-allaidh suas do dhruim
Sèideadh air do cheann
Cudail teann – abair spòrs is fealla-dhà



Mamaidh is Dadaidh is Uncail Seoc

Chaidh Mamaidh is Dadaidh is Uncail Seoc
 A-steach don mhargaid fear mu seach
 Thuit Mamaidh! Thuit Dadaidh!
 Ach chaidh Uncail Seoc air adhart
 's air adhart 's air adhart 's air adhart



Mè Mè Chaora Dhubh

Mè mè chaora dhuibh, càite bheil do chloimh?
 Tha, tha, ille bhig, a' fàs air mo dhruim;
 Poca dhan a' mhaighstir 's poca dhan a' mhnaoi
 's poca dhan a' bhalach bheag tha fuireach anns a' ghleann



Cuibhlichean a' Bhus

Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car
 Car, car, car, car, car, car,
 Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,
 Fad an latha

(Seinn a-rithist ach atharraich gu)

Tha an dùdan air a' bhus a' dol bip, bip, bip,
 Tha a' ghlag air a' bhus a' dol ding-a-ling-a-ling
 Tha na wipers air a' bhus a' dol suis, suis, suis,
 Tha an doras air a' bhus a' dol a-mach 's a-steach
 Tha na daoine air a' bhus a' dol suas is sìos

(A-rithist)

Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car
 Car, car, car, car, car, car,
 Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,
 Fad an latha



Iomair am Bàta

Iomair, iomair, iomair am bàta socair sìos an t-sruth
 Tha sinn sona, sona, sona
 Tha sinn sona an-diugh
 Iomair, iomair, iomair am bàta socair sìos an t-sruth
 's ma chì sibh crogall mòr cuimhnich gun dèan sibh fuaim
 Aaaaaaagh!



Tog, Tog, Tog an Caisteal

Tog, tog, tog an caisteal (x 3)
 Aon, dhà, trì
 Leag, leag, leag an caisteal (x 3)
 Aon, dhà, trì



Ma tha thu toilichte an-diugh

Ma tha thu toilichte an-diugh buail do làmh
Ma tha thu toilichte an-diugh buail do làmh
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh
Ma tha thu toilichte an-diugh buail do làmh

Ma tha thu toilichte an-diugh breab do chas
Ma tha thu toilichte an-diugh breab do chas
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh
Ma tha thu toilichte an-diugh breab do chas

Ma tha thu toilichte an-diugh crath do cheann
Ma tha thu toilichte an-diugh crath do cheann
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh
Ma tha thu toilichte an-diugh crath do cheann






Tha Bob a' Bualadh

Tha Bob a' bualadh le aon òrd, aon òrd, aon òrd,
tha Bob a' bualadh le aon òrd fad an latha.

Tha Bob a' bualadh le dà òrd, dà òrd, dà òrd,
tha Bob a' bualadh le dà òrd fad an latha.

Tha Bob a' bualadh le trì ùird, trì ùird, trì ùird,
tha Bob a' bualadh le trì ùird fad an latha.

Tha Bob a' bualadh le ceithir ùird, ceithir ùird, ceithir ùird,
tha Bob a' bualadh le ceithir ùird fad an latha.



Logann a' Leumadaich

Tha aon losgann a' leumadaich,
a' leumadaich, a' leumadaich
Tha aon losgann a' leumadaich
Suas, suas, suas

Tha dà losgann a' leumadaich,
a' leumadaich, a' leumadaich
Tha dà losgann a' leumadaich
Suas, suas, suas

Tha trì losgannan a' leumadaich,
a' leumadaich, a' leumadaich
Tha trì losgannan a' leumadaich
Suas, suas, suas

Tha ceithir losgannan a' leumadaich,
a' leumadaich, a' leumadaich
Tha ceithir losgannan a' leumadaich
Suas, suas, suas

Tha còig losgannan a' leumadaich,
a' leumadaich, a' leumadaich
Tha còig losgannan a' leumadaich
Suas, suas, suas



1 2 3 4 5

Aon Teadaidh Air An Leabaidh

Aon teadaidh air an leabaidh (x 3)

Seo a-nis fear eile

Dà theadaidh air an leabaidh (x 3)

Seo a-nis fear eile

Trì teadaidhean air an leabaidh (x 3)

Seo a-nis fear eile

Ceithir teadaidhean air an leabaidh (x 3)

Seo a-nis fear eile

Còig teadaidhean air an leabaidh (x 3)

Suas suas suas.....



Càite Bheil Crogall?

Càite bheil Crogall?

Càite bheil thu?

Càite bheil Crogall?

Peek-a bu!

Càite bheil (ainm)?

Càite bheil thu?

Càite bheil (ainm)?


Peek-a bu!

Càite bheil a' chlann?

Càite bheil iad?

Càite bheil a' chlann?

Peek-a bu!



A-Null 's A-nall

A-null 's a-nall, a-null 's a-nall
 suas 's sìos, suas 's sìos
 air ais 's air adhart, air ais 's air adhart
 Ni sinn seo a-rithist

A-null 's a-nall, a-null 's a-nall
 suas 's sìos, suas 's sìos
 air ais 's air adhart, air ais 's air adhart
 Abair gun d' rinn sibh math

Tha an t-Ailbhean Mòr

Tha an t-ailbhean mòr a' stampadh,
a' stampadh, a' stampadh
Tha an t-ailbhean mòr a' stampadh,
stamp, stamp, stamp

Tha an tìgear ag èigheachd,
ag èigheachd ag èigheachd
Tha an tìgear ag èigheachd,
Ua-ua-ua

Tha an crogall uaine acrach,
acrach, acrach
Tha an crogall uaine acrach
Brag, brag, brag



Ceann, Gualainn, Glùinean, Cas

Ceann, gualainn, glùinean, cas, glùinean, cas
 Ceann, gualainn, glùinean, cas, glùinean, cas
 Sùilean, cluasan, sròn agus beul
 Ceann, gualainn, glùinean, cas, glùinean, cas
 Ceann, gualainn, glùinean, cas, glùinean, cas



Sùil, Sròn, Bus, Bus, Smig

Sùil, sròn, bus, bus, smig
 Bus, bus, smig, sròn, sùil
 Sùil, sròn, bus, bus, smig
 Bus, bus, smig, sròn, sùil

Uilleam Òrdag

Uilleam Òrdag, Uilleam Òrdag, Cà' bheil thu?
Tha mi seo, tha mi seo; Ciamar a tha thu?

Calum Corrag, Calum Corrag, Cà' bheil thu?
Tha mi seo, tha mi seo; Ciamar a tha thu?

Màiri Fhada, Màiri Fhada, Cà' bheil thu?
Tha mi seo, tha mi seo; Ciamar a tha thu?

Mac an Aba, Mac an Aba, Cà' bheil thu?
Tha mi seo, tha mi seo; Ciamar a tha thu?

Lùdag bheag, Lùdag bheag, Cà' bheil thu?
Tha mi seo, tha mi seo; Ciamar a tha thu?

Corragan air fad, corragan air fad, Cà bheil sibh?
Tha sinn seo, tha sinn seo; Ciamar a tha sibh?

Òrdagan is Corragan

An òrdag

An sgealbag

An gunna fada

Mac-an-Aba

'S lùdag bheag an airgid



Crathaidh Mi Mo Làmhnan

Crathaidh mi mo làmhnan
crathaidh mi mo làmhnan,
crathaidh mi, is crathaidh mi
is crathaidh mi mo làmhnan

Breabaidh mi mo chasan
breabaidh mi mo chasan
breabaidh mi, is breabaidh mi,
is breabaidh mi mo chasan

Buailidh mi mo bhoisean
buailidh mi mo bhoisean,
Buailidh mi is buailidh mi,
is buailidh mi mo bhoisean

Slaodaidh mi mo shròn
slaodaidh mi mo shròn
Slaodaidh mi, is slaodaidh mi,
is slaodaidh mi mo shròn

Dioglaidh mi do mhionach
dioglaidh mi do mhionach,
dioglaidh mi is dioglaidh mi,
is dioglaidh mi do mhionach



Càite a Bheil Do Shùilean

Cà' bheil do shùilean,
do shùilean, do shùilean
Cà' bheil do shùilean,
Seall! Seo iad

Cà' bheil do shròin,
do shròin, do shròin
Cà' bheil do shròin,
Seall! Seo i

Cà' bheil do chluasan,
do chluasan, do chluasan?
Cà' bheil do chluasan?
Seall! Seo iad

Cà' bheil do bheul
do bheul, do bheul?
Cà' bheil do bheul?
Seall! Seo e

Cà' bheil do smiogaid
do smiogaid, do smiogaid?
Cà' bheil do smiogaid?
Seall! Seo i



Duilleagan a' Tuiteam

Duilleagan a' tuiteam
 A' tuiteam, a' tuiteam
 Duilleagan a' tuiteam
 A' tuiteam, sìos

Damhan-allaidh a' Dannsa

Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa, a' dannsa
 Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa air an làr
 Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa, a' dannsa
 Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa air do chois
 Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa, a' dannsa
 Tha damhan-allaidh a' dannsa
 a' dannsa air do cheann



Dè Ni Sinn leis a' Bhèibidh Bhòidheach

Dè nì sinn leis a' bhèibidh bhòidheach
 Dè nì sinn leis a' bhèibidh bhòidheach
 Dè nì sinn leis a' bhèibidh bhòidheach
 Tràth anns a' mhadainn

Buail, buail, buail do bhoisean
 Buail, buail, buail do bhoisean
 Buail, buail, buail do bhoisean
 Tràth anns a' mhadainn

Suas, suas, suas dhan adhar
 Suas, suas, suas dhan adhar
 Suas, suas, suas dhan adhar
 Tràth anns a' mhadainn

Diogail, diogail, diogail do mhionach
 Diogail, diogail, diogail do mhionach
 Diogail, diogail, diogail do mhionach
 Tràth anns a' mhadainn



Uisge a' Tuiteam Sìos

Uisge a' tuiteam sìosSPLAIS!

Uisge a' tuiteam sìosSPLAIS!

Uisge a' tuiteam, uisge a' tuiteam

Uisge a' tuiteam sìos SPLAIS!

Tha Sinn a' Dol Suas is Suas

Tha sinn a' dol suas is suas is suas

Tha sinn a' dol sìos is sìos

Taobh gu taobh, taobh gu taobh

Taobh gu taobh, gu taobh

Tha sinn a' dol suas is suas is suas

Tha sinn a' dol sìos is sìos



Tha Sinn a' Falbh Dhan an Sù an Dràsta

Tha sinn a' falbh dhan an sù an-dràsta
 Tha sinn a' falbh dhan an sù an-dràsta
 Tha sinn a' falbh dhan an sù an-dràsta
 Saoil cò chì sinn ann?

Chì sinn ailbhean le sròn mhòr fhada
 Chì sinn ailbhean le sròn mhòr fhada
 Chì sinn ailbhean le sròn mhòr fhada
 Aig an sù

Chì sinn sioraf le amhaich mhòr fhada
 Chì sinn sioraf le amhaich mhòr fhada
 Chì sinn sioraf le amhaich mhòr fhada
 Suas gu h-àrd

Chì sinn leòmhann, 's e cho fiadhaich
 Chì sinn leòmhann, 's e cho fiadhaich
 Chì sinn leòmhann, 's e cho fiadhaich
 Ra-ar, ra-ar, ra-ar

Chì sinn nathair, 's i cho eagalach
 Chì sinn nathair, 's i cho eagalach
 Chì sinn nathair, 's i cho eagalach
 Ssss, ssss, ssss



Guth Nam Beathaichean

Bidh cù ag ràdh uf, uf, uf (x3)

Dè bhios piseag ag ràdh?

Bidh piseag ag ràdh miau, miau, miau (x3)

Dè bhios luch ag ràdh?

Bidh luch ag ràdh, bìog bìog bìog (x3)

Dè bhios bò ag ràdh?

Bidh bò ag ràdh, mù, mù, mù (x3)

Dè bhios tunnag ag ràdh?

Bidh tunnag ag ràdh, uac, uac, uac (x3)

Dè bhios muc ag ràdh?

Bidh muc ag ràdh, oinc, oinc, oinc (x3)

Dè bhios caora ag ràdh?

Bidh caora ag ràdh, mè, mè, mè

'S e sin a bhios caora ag ràdh



Flùraichean is Ròsan

Flùraichean is ròsan
 A h-uile duine còmhla
 A-tuisiu, a-tuisiu
 A h-uile duine sìos
 Tha sinne air an ùrlar
 Tha h-uile duine còmhla
 A-tuisiu, a-tuisiu
 A h-uile duine suas



Cluinn an Tàirneanaich

Cluinn an tàirneanaich
 Cluinn an tàirneanaich
 Èist, èist, èist
 Èist, èist, èist
 Seo an t-uisge a' tighinn
 Seo an t-uisge a' tighinn
 Bidh sinn fliuch
 Bidh sinn fliuch



Diog-Deog, Diog-Deog, Diog-Deog

Diog-deog, diog-deog, diog-deog
 Ruith an luchag bheag suas an cleoc
 Nuair a bhuail an gleoc uair
 Leum an luchag a-nuas
 Diog-deog, diog-deog, diog deog



Bogha-frois

Buidhe, uaine, dearg agus pinc
 Purpaidh is orains is gorm
 Dathan aig a' bhogha-fhrois, aig a' bhogha-fhrois,
 Aig a' bhogha-fhrois bhrèagha



Ròlaidh, Pòlaidh

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,

Suas, suas, suas, suas

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,

Sìos, sìos, sìos, sìos.

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,

A-mach, a-mach, a-mach, a-mach

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,

A-steach, a-steach, a-steach, a-steach.



Priob-Priob Priob-Priob

Priob, priob, priob, priob rionnag bheag

Saoil a-nis cò thu no dè?

Àrd os cionn an t-saoghail gu lèir

's tu mar ghriogag anns an speur

Priob, priob, priob, priob rionnag bheag

Saoil a-nis cò thu no dè?





Tìoraidh ma-thà!



Tìoraidh a h-Uile Duine

Tìoraidh a h-uile duine
Tìoraidh a h-uile duine
'S math gun robh sibh ann
Tìoraidh a h-uile duine
Tìoraidh a h-uile duine
'S math gun robh sibh ann
Aidh aidh aidh aidh aidh
'S math gun robh sibh ann

Ur Leabharlann

Mar as tràth a thòisicheas clann air òrain, rannan agus sgeulachdan, 's ann as fheàrr. Faodaidh clann aois sam bith cairt fhaighinn airson an leabharlann cuideachd.

Chan eil cosgais mu choinneamh a bhith mar phàirt den leabharlann agus tha pailteas diofar sheòrsaichean leabhraichean againn dhuibh airson an leughadh le ur cuid chloinne.

Dh'fhaodadh iad cuideachd pàirt a ghabhail ann an Dùbhlann Leughaidh Bookbug - dòigh spòrsail air an leabharlann a chleachdadh agus togail suas ri deich teisteanasan brèagha aig an aon àm.

Leabharlann nan Eilean Siar



Tha sinn a toirt taing dha Bòrd na Gàidhlig airson cuideachadh le Bookbug Gàidhlig a' leudachadh anns na h'Eileanan Siar.

Chaidh a h-uile oidhirp a dhèanamh gus sealltainn ri còir-lethbhreac gach òran agus rann san leabhar seo. Gabh ar leisgeul ma chaidh mearachd sam bith a dhèanamh agus cuiridh sinn iad sin ceart sna h-irisean ri teachd.



Tadhail air Làrach-lìn Urras Leabhraichean na h-Alba
airson barrachd fiosrachaidh air Bookbug Gàidhlig
agus clàran de dh'òrain is rannan.
www.scottishbooktrust.com/bookbug

Tha na leabhraichean ann am Bookbug Gàidhlig
uile air an clàradh air làrach-lìn **Gaelic4Parents**
far an cluinn sibh iad air an leughadh a-mach.
www.gaelic4parents.com

Faigh a-mach mu dheidhinn seiseanan Bookbug
nur sgìre agus mu ur leabharlann.
www.cne-siar.gov.uk/library
01851 822744 / bookbug@cne-siar.gov.uk

DEALBH LE JULIE LACOME



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

